

## Ciamar a thogas mi gearan?

'S urrainn dhuibh gearan a thogail le bhith a' tadhal oirnn, a' cur litir, a' fònadh no a' cur facs. Dh'fhaodadh gum b' fhearr leibh an Foirn Gearain a luchdadh a-nuas (aig [www.crofting.scotland.gov.uk/complaints.asp](http://www.crofting.scotland.gov.uk/complaints.asp)) no iarr oirnn leth-bhreac a chur thugaibh.

Faodaidh neach eile gearan a chur às do leth, no fòn a chur gu neach- obrach agus iarr orrasan an gearan a sgrìobhadh dhuibh.

## Nuair a tha sibh a' togail gearain bu chòir dhuibh innse dhuinn:

- Ur n-ainm slàn agus ur seòladh
- Na 's urrainn dhuibh mun ghearan
- Dè chaidh ceàrr

Ciamar a bu thoil leibh an gnothaich a rèiteach. Bu mhath leinn cuideachd fios fhaighinn air dè dhùileachadh sibh às dèidh dhuibh ur gearan a thogail.

## Dè cho fada 's a tha agam gearan a thogail?

Mar as trice, feumaidh sibh ur gearan a thogail taobh a-staigh 6 mìos às dèidh an tachartais ma tha sibh airson gearain a dhèanamh.

Tha suidheachaidhean àraid ann far an gabhadh sinn ri gearan às dèidh an cuingealachadh ùine sin. Ma tha sibh a' faireachdainn nach bu chòir an cuingealachadh ùine a bhith air a' ghearan agaibhse, leigibh fhaicinn dhuinn carson, le bhur toil.

## Am feum mi m'ainm a chur ris a' ghearan?

Faodaidh sibh gearan a dhèanamh gun ainm a chur ris ach feumaidh sibh gu leòr fiosrachaidh a thoirt dhuinn a leigeas leinn an rannsachadh againn a dhèanamh. Innisibh dhuinn nuair a bhruidhinn sibh ruinn an toiseach nam bu mhath leibh gun ur n-ainm innse agus cha tèid ur n-ainm a chur anns faidhlichean againn.



**CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

Coimisean na Croitearachd,  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad an Leacainn  
Inbhir Nis, IV3 8NW

Fòn: 01463 663439 Facs: 01463 725067  
[info@crofting.scotland.gov.uk](mailto:info@crofting.scotland.gov.uk)

[www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)



**CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

# GEARANAN:

## NUAIR A THÈID RUDAN CEÀRR

'Se gear-chunntas a tha seo de na modhanan gearain againn. Gheibh sibh an dreach slàn a luchdadh a-nuas bhon làrach-lìn seo:

[www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)

## Na modhan-gearain againn

Tha mar a làimhsicheas Coimisean na Croitearachd gearanan deatamach ann an bhith a' sìor chur ri piseach seirbheisean an luchd-cleachdaidh againn.

## Dè th'ann an gearan?

Tha sinn a' gabhail ris gur e th'ann an gearan mì-ghean mu ghnìomh a chaidh a dhèanamh leinn no nach deach a dhèanamh leinn, no mu ìre seirbheis a chaidh a thoirt seachad leinn no às ar leth.

## Dè mum faod sibh gearan a thogail?

- Dàil ann a bhith a' tilleadh thugaibh le freagairt ur ceist no ur n- iarratais.
- Dìth ann a bhith a' libhrigeadh seirbheis.
- Ìre ar seirbheis
- Mur a do lean sinn ri ar polìsidhean
- Modh san do ghiùlain no an dòigh san do dhèilig neach-obrach ruibh.
- Mura do lean sinn ri modhan obrach iomcha

Faodaidh ur gearan a thogail air barrachd na aon seirbheis no a bhith mu neach a tha ag obair às ar leth.

## Dè mu nach fhaod sibh gearain?

- Iarratas no ceist gnàthach is àbhaisteach
- Gnìomh a chaidh a dhèanamh le buidheann eile
- Gearanan a chaidh an togail roimhe is a chaidh an rèiteach.
- Easaonta far a bheil còir ann mu thràth ath-tha gradh a dhèanamh, a' gabhail a-steach Cùirt Fearainn na h-Alba .
- Iarratas dìolaidh a-mhàin.

## Cò dh'fhaodas gearan a thogail?

Neach sam bith air a bheil obair Coimisean na Croitearachd air buaidh a ghabhail. Tha seo a' gabhail a-steach riochdairean na daoine sin a tha fo bhuadh an obair a tha sinn a' dèanamh.

## Dè an ath rud a thachras?

Nì sinn cinnteach gum bi fios agaibh cò tha a' dèiligeadh ri do ghearan. Tha dà ìre aig na modhan gearain againn.

## A' Chiad Ìre - Fuasgladh aithghearrach

Tha sinn ag amas air trioblaidean fhuasgladh san aithghearrachd.

- Thèid freagairt a thoirt taobh a còig latha obrach.
- Mur a tèid againn air fuasgladh fhaighinn, thèid an gearan a thoirt gu ìre 2.

## Ìre a Dhà - Rannsachadh

- Thèid freagairt a thoirt dhuibh taobh a-staigh trì latha obrach.
- Far a bheil seo iomchaidh, bruidhinnidh sinn ruibh mun ghearan agaibh, feuch carson a tha sibh fhathast mìthoilichte agus dè am fuasgladh a tha sibh a' sùileachadh.
- Thèid freagairt slàn a thilleadh thugaibh cho luath sa ghabhas ach gun a bhith nas fhaide na 20 latha.
- Ma tha feum air tuilleadh ùine airson an gearain a rannsachadh, cumaidh sinn fios ruibh.

## Dè mur a h-eil mi sàsaichte leis an fhuasgladh?

Feumaidh gearan sam bith a thèid mu choinneimh an SPSO a bhith air a sgrùdadh gu mionaideach le Coimisean na Croitearachd an tòiseachd.

Measaidh an SPSO ma tha fianais gu leòr ann air dìth cùraim no droch riaghladh nach deach a shònrachadh le Coimisean na Croitearachd.

'S iadsan mu dheireadh aig a bheil comas dèiligeadh ri gearan mun a' mhòr chuid de bhuidheann poblach ann an Alba, nam measg Coimisean na Croitearachd..

## Mar a chuireas sibh fios gu Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba (SPSO).

Fòn dhan SPSO air

0800 377 7330, cuiribh fios thuca aig [www.spsos.org.uk/contact-us](http://www.spsos.org.uk/contact-us) no sgrìobhaibh litir thuca aig an seòladh a leanas:

SPSO, Freepost, EH641, Edinburgh EH3 0BR  
Faodaidh sibh tadhal orra aig SPSO, 4 Melville Street, Dùn Èideann, EH3 7NS.

## A' sireadh taic ann a bhith a' togail gearain.

Tha sinn a' tuigsinn gum fhaodadh sibh a bhith euchomasach, no teagmhach mu bhith a' togail gearain sibh fhèin. Tha sinn a' gabhail ri gearanan bho riochdairean iadsan nach nach eil riarachtaichte le ar seirbheis.

Èistidh sinn ri gearanan bho charaid, bho ur cuideachd, no bho neach-tagraidh, ma tha sibh air cead a thoirt dhaibh gearain às ar leth.

Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mu luchd-tagraidh nur sgìre le bhith a' cur fios gu Scottish Independent Advocacy Alliance.

## Scottish Independent Advocacy Alliance

Tel: 0131 260 5380

Fax: 0131 260 5381

Online: [www.siaa.org.uk](http://www.siaa.org.uk)

Fòn: 0131 260 5380

Facs: 0131 260 5381 Air loidhne: [www.siaa.org.uk](http://www.siaa.org.uk)

Tha sinn ag amas air na seirbheisean againn a dhèanamh cho goireasach sa ghabhas airson a' phobaill air fad.

Ma tha duilgheadas agaibh ur gearan a sgrìobhadh, no ma thoileachas sibh fios ann an cànan eile no ann an cruth eile, mar eisimpleir cruth-clò mòr no clò nan dall, cuiribh fios thugainn.

Faodaidh sibh fòn a chur thugainn air  
01463 663450

no sgrìobhadh thugainn aig  
[info@crofting.scotland.gov.uk](mailto:info@crofting.scotland.gov.uk).